

Aithisg Bhliadhnail

Annual Report

2009-10



-
- 3 Rò-ràdh bhon neach-cathrach**
Chairman's introduction
-
- 4 Buill a' Bhùird-stiùiridh agus phannalan comhairleachaidh**
Board membership and advisory panels
-
- 5 Lèirmheas a' Cheannaird**
Chief Executive's review
-
- 7 Luchd-obrach**
Staff
-
- 8 Prìomh ghnìomhachd**
Main activity
-
- 17 Compàirteachadh**
Partnership
-
- 18 Sùil air adhart**
The road ahead
-





AITHISG BHLIADHNAIL 2009-10 ANNUAL REPORT 2009-10

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
11/12 Acarsaid
Cidhe Sràid Chrombail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DF

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
11/12 Harbour View
Cromwell Street Quay
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DF

Fòn: 01851 700 880
Facs: 01851 700 870
oifis@storlann.co.uk

Phone: 01851 700 880
Fax: 01851 700 870
oifis@storlann.co.uk

Àireamh chlár.: SC 190298

Reg no.: SC 190298

www.storlann.co.uk



Ro-Ràdh bhon Neach-cathrach Chairman's Introduction

Murchadh MacIomhair, Comhairle Lannraig a Tuath
Murdo MacIver, North Lanarkshire Council



Tha e na thoileachadh dhomh a bhith a' toirt thugaibh aithisg bhliadhnail a tha a' nochdadh na taic èifeachdaich a tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' toirt do dh'fhoghlam Gàidhlig. Thar na bliadhna mu dheireadh rinn foghlam ann an Alba deagh adhartas ann an libhrigeadh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais agus tha sinn toilichte gun robh àite cudromach aig Stòrlann ann a bhith a' dèanamh cinnteach gum biodh foghlam Gàidhlig an lùib an leasachaidh sin. Tha e air leth misneachail gu bheil luchd-teagasg dhen bheachd gu bheil goireasan Stòrlann agus cothroman CPD riatanach dhaibh gus ionnsachadh agus teagasg aig sàr ìre a libhrigeadh. Tha an solarachadh seo a' nochdadh dealas agus obair chruaidh luchd-obrach Stòrlann agus bu mhath leam taing a thoirt dhaibh airson na rinn iad air a' bhliadhna a dh'fhalbh.

'S e bliadhna de dh'atharrachadh a bh' ann an 2009-2010 dhan bhuidheann le ceannard ùr airson pàirt dhith agus leudachadh mòr anns na goireasan a chaidh fhoillseachadh. Chuir sinn Johanna Marshall ann an dreuchd a' cheannaird agus tha mi gu math misneachail gum bi an t-eòlas a tha aice air foghlam na bhuannachd airson tuilleadh leasachaidh a thoirt air Stòrlann. Bu mhath leam taing mhòr a thoirt do Mhairi Kidd, an ceannard a bh' ann roimhe, agus a dh'fhàg san Dùbhlachd airson dreuchd eadar-dhealaichte. Rinn i obair mhòr ann an Stòrlann thar nan ceithir bliadhna mu dheireadh, an dà chuid a thaobh leudachadh agus leasachadh goireasan ùra.

Thàinig atharrachadh cuideachd air Bòrd-stiùiridh Stòrlann agus tha mi air leth taingeil airson na taic a fhuair mi tron bhliadhna bho mo cho-obraichean. Thug sinn prìomhachas do ro-innleachd shoilleir a bheireadh dhuinn modh rianachd èifeachdach a bhios riatanach sna h-amannan doirbh a tha romhainn a thaobh ionmhas. Tha mi airson taing mhòr a thoirt do Sheòras Reid a leig dheth a dhreuchd air a' bhòrd agus bho Bhaile Dhùn Èideann. Thar nam bliadhnachan chuir e gu mòr ri obair Stòrlann agus ri foghlam Gàidhlig san fharsaingeachd agus tha sinn a' guidhe iomadh bliadhna shona dha agus e air chluainidh.

A' coimhead air adhart, 's e am prìomh amas a bhios aig Stòrlann sàr goireasan Gàidhlig a chruthachadh. Cleas a h-uile seirbheis phoblach, tha sinn an dùil ri duilgheadas maoineachaidh ach nithear nas urrainn airson leantainn leis an obair aig an ìre aig a bheil i. Bidh co-obrachadh a' sìor fhàs cudromach, agus tha sinn a' coimhead air adhart ri barrachd co-obrachaidh còmhla ri LTS agus còmhla ri buidhnean foghlaim ann am mion-chànanan eile.

I am delighted to present our annual report which highlights the very effective support provided by Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig to Gaelic education. Over the past year Scottish education has made good progress in the delivery of the innovative Curricular for Excellence and we are very pleased that Stòrlann has played a crucial role in ensuring that Gaelic education is at the forefront of these developments. It is particularly reassuring that teachers consider Stòrlann resources and CPD opportunities to be vital to their delivery of high quality learning and teaching. This provision reflects the commitment and hardwork of the Stòrlann staff and I wish to record my appreciation of their efforts over the past year.

2009-2010 has been a year of transition for the organisation with a new chief executive in part and a substantial increase in the range of published resources. We appointed Johanna Marshall to the chief executive post and I am very confident that her education expertise will prove invaluable to the further development of Stòrlann. I also wish to give my very warm thanks to Mairi Kidd, the previous chief executive, who left us in December to pursue a very different career. Her contribution to Stòrlann over the past four years was immense, both in managing a significant expansion and in the development of new materials.

It has also been a year of change for the Stòrlann board and I am very grateful to my directorate colleagues for their support throughout the year. We have given a high priority to providing a clear strategic direction and ensuring an efficient organisational framework, both of which will be essential in the financially difficult times ahead. I wish to pay tribute to George Reid who retired from the board and from his Edinburgh City post. Over the years he has made a very important contribution not only to Stòrlann but also to Gaelic education in general, and we wish him a long and happy retirement.

Looking forward, Stòrlann's overriding aim will be the provision of excellent resources for the Gaelic classroom. As with all public services we anticipate funding difficulties and every effort will be made to maintain the current level of activity. Partnerships will be increasingly important, and we look forward to further developing our collaboration with LTScotland and our liaison with education bodies in other minority language areas.

Buill A' Bhùird-stiùiridh

Board Membership

Murchadh MacIomhair, Comhairle Lannraig a Tuath
Murdo MacIver, North Lanarkshire Council
Neach-cathrach I Chairperson

George Reid, Comhairle Bhaile Dhùn Èideann
George Reid, City of Edinburgh Council

Dòmhnall MacLeòid, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bòid
Donald MacLeod, Argyll and Bute Council

Dòmhnall MacNèill, Comunn na Gàidhlig,
Donald MacNeill, Comunn na Gàidhlig,

Jim Whannel, Comhairle Bhaile Ghlaschu
Jim Whannel, Glasgow City Council
Iar Neach-cathrach I Vice Chairperson

Seonag NicFhionghuin, Comhairle nan Eilean Siar
Joan Mackinnon, Comhairle nan Eilean Siar

Eairdsidh MacIlleathain, Sabhal Mòr Ostaig
Archie MacLean, Sabhal Mòr Ostaig

Kenneth Murray, Comhairle na Gàidhealtachd
Kenneth Murray, Highland Council

Thàinig George Reid far a' Bhùird san Iuchar nuair a leig e seachad a dhreuchd aig Comhairle Bhaile Dhùn Èideann. Tha an companaidh a' toirt taing chridheil dha airson a thaice agus obair thar nam bliadhnaichean.

George Reid left the Board in July, when he retired from his post at Edinburgh City Council. The company wishes to thank George for his support and commitment during his tenure.

Buidheann Comhairleachaidh Ghoireasan

Resource Advisory Panel

Donalda McComb, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu
Donalda McComb, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu

Dòmhnall MacLeòid, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bòid
Donald MacLeod, Argyll and Bute Council

Mairead NicConaill, C. na Gàidhealtachd
Margaret MacConnell, Highland Council

Seonag NicFhionghuin, CnES
Joan MacKinnon, CnES

Marina Ghreumach, Bun-sgoil Condorrat
Marina Graham, Condorrat Primary School

Fàilte air Catherine NicIleinnein, CnES, a thàinig air a' bhuidheann comhairleachaidh sa Chèitean. Tha Catherine a' gabhail aite Sheonaig NicFhionghuin, CnES, a tha air fàgail. Taing do Sheonag airson a comhairle agus deagh dhùrachd san dreuchd ùir. Deagh dhùrachd a Mharina Ghreumach a dh'fhàg air fòrladh màthaireil. Taing mhòr do Mharina airson a taice.

Welcome to Catherine MacIleannean, CnES, who joined the Resources Advisory Panel in May. Catherine replaces Joan Mackinnon. We thank Joan for all her support and advice, and wish her well in her new post. Best wishes and thanks also go to Marina Graham who left to begin her maternity leave.

Bha na leanas an sàs am pannalan eile

The following individuals were also involved in advisory panels:

Catriona Chaimbeul; Fionnlagh Coineagan; Iain Cuimeanach; Tormod MacArtair; Ruairidh Mac a' Phiocair; Iain MacIleChiar; Cathaidh NicIain, Mary NicFhionghuin, Dòmhnall Iain MacLeòid; Dòmhnall Iain MacIomhair; Danny Clelland, Murchadh Peutan; Anna Mhoireasdan; Ruairidh MacIlleathain; Gillebrìghde MacIleMhaoil; Tina Mhoireasdan; Wilma NicUalraig; Kenna Chaimbeul; Peadar Morgan; Nancy Nic a' Ghobhainn; Chrisma NicDhòmhnail; Jo NicDhòmhnail; Julie NicNèill; Anna NicSuain; Rut Chaimbeul; Fiona NicSuain; Bernadette Sweeney, Ena Beaton; Boyd Robastan; Iain MacDhòmhnail; Iona NicRisnidh

Leirmheas A' Cheannaird Chief Executive's Review



Johanna Marshall, Ceannard
Johanna Marshall, Chief Executive

Thòisich mi nam dhreuchd mar Cheannard air Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig sa Mhàrt. Thàinig mi chun a' Chompanaidh bho Chomhairle nan Eilean Siar, far an robh mi nam thidsear bun-sgoile ann an Airidhantium air taobh siar Leòdhais. Gu ruige seo tha mi air a bhith ag obair mar thidsear tro Mheadhan na Gàidhlig agus mar Phrìomh Thidsear agus mar Cho-òrdanaiche Foghlam Gníomhail ann am bun-sgoiltean ann an Sruighlea agus ann an Leòdhas.

Tha mi uabhasach toilichte a bhith san dreuchd ùir agus tha mi a' coimhead air adhart gu mòr ris an dùbhlann inntinneach a tha romham. Bidh e math a bhith a' togail air na sgilean agus air an eòlas a tha againn aig Stòrlann agus a bhith a' cur ri foghlam Gàidhlig le na goireasan againn. Tha Stòrlann gu math air an t-slighe gu bhith a' cruthachadh deagh bhunaid de ghoireasan stèidhte air Curraicealam airson Sàr-mhathais airson na bun-sgoile agus airson na h-àrd-sgoile. A dh'aindeoin sin tha slighe fhada romhainn – slighe a tha ag amas air buaidh a thoirt air ionnsachadh chloinne tro phrògram a tha gu tur stèidhte air Curraicealam airson Sàr-mhathais. Bha e comasach prògram Stòrlann a leudachadh air sgàth taic-airgid a bharrachd. Bha sin a' gabhail a-steach maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba airson 2009-10, le taic bho Bhòrd na Gàidhlig. Thug am maoinachadh seo buaidh mhòr air ionnsachadh na Gàidhlig sa chlasrum agus tha sinn taingeil airson sin, dìreach mar a tha sinn taingeil airson a' mhaoineachaidh a tha Stòrlann a' faighinn bho bhuidhnean eile agus bho Ùghdarrasan Ionadail. Bidh sinn a' cur feum air barrachd maoinachaidh, a bhios tèarainte, gus cumail a' toirt buaidh sa chlasrum, a bharrachd air compàirteachas cho-obrachail le dleastanasan soilleir air gach buidheann sa chompairteachas. Tha mi a' coimhead air adhart ri Stòrlann a bhith a' dol an sàs san obair seo.

Bha maoinachadh air a roinn ann an dòigh cho-ionann eadar bun-sgoil agus àrd-sgoil. Cha d' fhuaradh maoinachadh sònraichte airson pròiseact briathrachais an t-Seotail. Mar sin bha an Seotal fhathast air a mhaoineachadh mar phàirt de phrògram na h-àrd-sgoile aig Stòrlann le aonta MRG, agus an dèidh co-chomhairleachadh còmhla ri Ionnsachadh agus Teagasg Alba agus Ùghdarras Theisteanas na h-Alba. Dh'aontaich LTS agus SQA gu foirmeil gun leanadh iad briathrachas an t-Seotail ann am pàipearan deuchainn agus ann an càil sam bith a dh'fhoillsicheadh iad.

Bha co-labhairt nàiseanta mu ghoireasan do luchd-teagaisg cudromach ann am prògram 2009/10 agus bha mòran thidsearan bho gach ceàrnaidh dhen dùthaich an làthair ann an Sruighlea airson dà latha. Chaidh An t-Alltan a chumail air 6-8 Dàmhair 2009. Chaidh stuthan taice co-cheangailte ri na seiminear fhoillseachadh air làrach-lìn Stòrlann (<http://www.storlann.co.uk>)

March of this year saw my appointment as the new Chief Executive Officer of Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig. I joined the Company from Comhairle nan Eilean Siar, where I worked as a Primary School teacher in Airidhantium on the West Side of Lewis. I have worked as a Gaelic-Medium Teacher, Principal Teacher and Active Learning Coordinator in primary schools in Stirling and the Isle of Lewis.

I am delighted to be in post and am hugely looking forward to the exciting challenge that is ahead. I look forward to building on the skill and expertise that we have at Stòrlann and to making a difference to Gaelic education through our resources. Stòrlann are well on the way to creating a strong core of Curriculum for Excellence based resources for the primary and secondary school, however there is a long journey ahead - a journey that aims to make an impact on children's learning through a programme that is fully in line with Curriculum for Excellence.

Considerable extension in Stòrlann's programme was facilitated by an overall increase in grants. These include funding from the Scottish Government for 2009-10, with support from Bòrd na Gàidhlig. Receiving this funding has a huge impact on Gaelic learning in the classroom, and of that we are grateful, as we are, of all funding Stòrlann receives from other Bodies and Local Authorities. We will require enhanced, secure funding to continue to make an impact in the classroom, together with co-ordinated partnership working with clear responsibilities for each and every partner organisation. I look forward to Stòrlann playing its part in addressing this challenge.

Allocation of funds recognised the basic principle of an equal division of resources between primary and secondary. No specific funding was received for the 'An Seotal' terminology project. An Seotal therefore continued to be mainstreamed as part of Stòrlann's secondary programme, in agreement with MRG and following consultation with Learning and Teaching Scotland and the Scottish Qualifications Authority. Both LTS and SQA formally agreed to adhere to 'An Seotal' terminology in publications and examination papers.

Significant in 2009/10 was the delivery of a national teachers' conference focusing on resources and involving many delegates from schools across the country in a two-day event held in Stirling. An t-Alltan was held on 6-8 October 2009. Extensive support materials relating to all seminars were published on Stòrlann's website (<http://www.storlann.co.uk/an-t-alltan.html>). Stòrlann were also delighted to launch Ceumannan 1 and Big Books for Maths at An t-Alltan 2009. Both launches were a tremendous success.

Leirmheas A' Cheannaird Chief Executive's Review

storlann.co.uk/an-t-alltan.html). Thug e cuideachd toileachas do Stòrlann Ceumannan 1 agus Leabhraichean Mòra airson Matamataig a chur air bhog aig An Alltan 2009. Chuireadh fàilte mhòr air gach goireas.

Lean an compàirteachas còmhla ri Ionnsachadh agus Teagasg Alba le cuideam ùr air goireasan eadar-ghnìomhail agus air-loidhne, me Albannaich ann an Canada, an àite Gàidhlig air-loidhne. Bha Mòrag NicDhòmhnaill a' stiùireadh na h-obrach seo do LTS. Bha Stòrlann cuideachd an sàs ann an còmhraidhean ri SQA co-cheangailte ri grunnan chuspairean leithid briathrachas agus teisteanasan eadar-theangachaidh.

Thugadh compàirteachas eadar-nàiseanta air adhart gu mòr tron bhliadhna còmhla ri Áisaonad agus CCEA ann am Béal Feirste, agus còmhla ri foillsichearan Cuimreach aig a bheil maoinachadh bho riaghaltas na Cuimrigh. Bu chòir gun caomhnadh sin 15 sa cheud dha gach buidheann agus bidh e nas fhasa rannsachadh a dhèanamh air structaran iomchaidh a thaobh foillseachadh ioma-chànan san àm ri teachd.

Mar as àbhaist, tha Stòrlann gu mòr an comain nam foillsichearan agus gach duine fa leth a bhios a' cruthachadh ghoireasan às ar leth. Bha tidsearan agus luchd-comhairleachaidh math dhuinn san ùine a chuir iad seachad a' toirt comhairle agus fiosrachadh dhuinn.

LUCHD-OBACH

Tha gach nì a tha air fhoillseachadh le Stòrlann air ullachadh aig sàr ìre leis an luchd-obrach, agus faodaidh an luchd-obrach againn a bhith moiteil às an sin. Tha e na phrìomhachas agam gu pearsanta gum faigh luchd-obrach air an dreuchdan a choileanadh cho math 's as urrainn dhaibh. Tha toradh obair chruaidh an luchd-obrach follaiseach ann an goireasan Stòrlann agus on fhiosrachadh a tha sinn a' faighinn air ais bho sgoiltean. Bu mhath leam taing a thoirt dhaibh airson an dealais a thaobh Stòrlann agus foghlam Gàidhlig.

Tha mi cuideachd airson luaidh a dhèanamh air an obair a rinn Seòna NicCarraig, Oifigear Leasachaidh na h-Àrd-sgoile agus Mòrag Dhòmhnaill, Neach-leasachaidh Ioma-mheadhan, a dh'fhàg Stòrlann air a' bhliadhna a chaidh seachad. Tha mi a' toirt taing dhaibh le chèile agus a' guidhe soirbheachadh dhaibh sna dreuchdan ùra. Bidh sinn an dòchas gun tèid na dreuchdan bàna sin a lìonadh sna mìosan a tha romhainn.

A' COIMHEAD AIR ADHART

Tha Stòrlann an-dràsta a' tighinn gu deireadh prògram maoinachaidh trì bliadhna Riaghaltas na h-Alba/Bòrd na Gàidhlig. 'S ann air stèidheachadh phrìomhachasan airson na h-ath chuairt a bhios Stòrlann a' bualadh sna mìosan a tha romhainn. Bidh an obair seo stèidhte air measadh nan stuthan a nochd sna bliadhnaichean a chaidh seachad, fiosrachadh air ais bho sgoiltean agus air comhairle bho Luchd-sgrùdaidh na Bànrighinn air Foghlam, Ionnsachadh agus Teagasg Alba agus eile. Tha mi a' faicinn gum bi goireasan eadar-ghnìomhail, a bhrosnaicheas ionnsachadh co-obrachail aig cridhe a' phrògram ùir. 'S e àm inntinneach agus dùbhlannach a tha ann do Stòrlann. Mar Cheannard ùr, tha mi gu mòr dhen bheachd gu bheil fòcas na ro-innleachd againn ceart airson buannachdan a thoirt dha gach neach òg sa chlasrum.

Partnership continued with Learning and Teaching Scotland, with a new focus on the delivery of a number of online and interactive resources, e.g Scots in Canada, as opposed to the delivery of Gaelic-online. Morag MacDonald lead this development work for LTS. Stòrlann was also involved in a number of discussions with SQA regarding partnership in a number of areas, including terminology and translation qualifications.

International partnerships were developed considerably during the year, notably with Aisaonad and CCEA in Belfast and with a number of Welsh Government-subsidised publishers. Stòrlann and CCEA started the process of a collaborative project which should represent a 15 per cent saving to both agencies and will facilitate investigation of appropriate structures for future multi-language versioning.

As always, Stòrlann is greatly indebted to those publishers and other individuals who undertake the creation of resources on our behalf. Teachers and advisors have been most generous with their time in providing guidance and feedback to us.

STAFF

Everything we do at Stòrlann is delivered to a final outcome of the highest standard, by our staff. In that, all staff can take great pride. One of my personal priorities is to ensure that Stòrlann is a place where all staff are able to perform and develop to the best of their abilities. The results of the hard work put in by staff, is clearly evident in all of Stòrlann's resources and in the feedback we receive from teaching staff. I thank all staff for their commitment to Stòrlann and to Gaelic education.

I also wish to acknowledge and pay tribute to the work of Shona Cormack, Secondary Development Officer and Morag Macdonald, Multimedia Developer, who left Stòrlann in the last year. I wish to extend my thanks to them both and wish them well in their new posts. We look forward to both vacancies being filled in the coming months.

LOOKING AHEAD

At the time of writing, Stòrlann is coming to the end of its three-year Scottish Government/Bòrd na Gàidhlig-funded publication programme. Establishment of priorities for the next period will be Stòrlann's focus in coming months. This work will be based on audit of previous years' output, feedback from teaching staff and advice from Her Majesty's Inspectorate of Education, Learning and Teaching Scotland and others. I also see interactive resourcing that encourages collaborative learning, being at the centre of this new programme. This is an exciting, interesting and challenging time for Stòrlann. As the new Chief Executive Officer, I am confident that our focussed strategy remains the right one to bring long-term benefits to all young people in the classroom.

Luchd-obrach

Staff

Leòdhas

Lewis

Johanna Marshall, Ceannard

Johanna Marshall, Chief Executive

Mòrag NicDhòmhnaill, Neach-leasachaidh Ioma-mheadhan

Marion MacDonald, Multi media developer

Mairead NicIleathain, Manaidsear Oifise (0.9)

Margaret MacLean, Office manager (0.9)

Crìosaidh NicRath, 'An Seotal'

Chrissie MacRae, 'An Seotal'

Seòrag Nic a' Mhaoilein, Neach-rianachd Phròiseactan

Johanna MacMillan, Project Admin Officer

Dòmhnall I MacRisnidh, Oifigear Phròiseactan

Donald J MacRitchie, Projects Officer

Mòrag NicIleathain, Eadar-theangair

Morag MacLean, Translator

Màiri T. NicDhòmhnaill, Oifigear Clèireachd (0.7)

Mairi T. MacDonald, Clerical Officer (0.7)

Port Rìgh

Portree

Aonghas I MacDhòmhnaill, Oifigear Leasachaidh

Angus J MacDonald, Development Officer

Niall Mac a' Ghobhainn, Oifigear IT

Neil Smith, IT Officer

Shona NicCarraig, Oifigear Leasachaidh

Shona Cormack, Development Officer

Emma Burrows, Sgrìobhaiche Cùrsa

Emma Burrows, Course Writer

Uibhist

Uist

Sarah NicEachainn, Oifigear Phròiseactan

Sarah MacEachen, Projects Officer

Eile

Other

Áine NicCarraig, Neach-dealbhachaidh

Anne McCormack, Designer

Inbhir Nis

Inverness

Catrìona Mhoireach, Oifigear Dearbhaidh-càileachd

Catriona Murray, Quality Assurance Officer



Prìomh Ghnìomhachd: Prògram Foillseachaidh

Main Activity: Publication Programme

Bha prìomhachas air a thoirt a-rithist do phròiseactan a' phrògram foillseachaidh, air a mhaoinneachadh le Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig. Bha prìomhachasan trì bliadhna air an stèidheachadh roimhe tro shreath de choinneamhan co-chomhairleachaidh san Dùbhlachd 2007. Bha prìomhachasan air an daingneachadh le pannalan comhairleachaidh agus leis a' bhuidhinn eadar-ùghdarras MRG.

Tha fiosrachadh gu h-ìosal air goireasan a chaidh fhoillseachadh a rèir ìre ann an 2009/10 agus on uair sin, goireasan ùra do sgoiltean agus obair a tha a' dol air adhart an-dràsta.

Air Am Foillseachadh

Bun-sgoiltean

Matamataig

Fuasgail is Freagair 1-3: Leabhraichean Mòr air Fuasgladh Cheist
Heinemann: Leabhraichean obrach 4

Cànan agus Litreachd

Lorgan Litreachaidh (an dàrna ceum): leabhar-tidseir eile sa phrògram airson teagasg litreachais
Uamh nan Cnàmhan: nobhail ghoirseachail do cheann shuas na bun-sgoile
KarZouche Sgrìobhadh Cruthachail: stuthan airson clàr geal a' ceangal obair-cànain ri obair tar-churraicealam, do mheadhan na bun-sgoile
Persephone agus Na Ceithir Dràgoìn: leabhraichean mòra airson sgrìobhadh com-pàirtichte, le leabhraichean-e
Ist! agus Faigh Iasg Dhòmhsa!: dà leabhar eile ann an sreath Catrìona air Chuairt, le pocain stòiridh agus CD-ROM

Creideamh

Mo Chreideamh CD ROM: suil air diofar chreideamhan an t-saoghail

IT



IT nan Tràth Ìrean: cruinneachadh de ghnìomhan airson clàr geal no coimpiutair, le ceanglan ri ACfE

GLPS

Siuthad!: geama-bùird air puingeann cànan agus topaigean GLPS

G4P

Clàran Àirde



Priority was again given to projects on the publication programmes funded by The Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig. Three-year priorities had been set through a series of consultation meetings in December 2007. Priorities were subject to approval by Advisory Panels and by the MRG consortium of Local Authorities in receipt of Specific Grant.

Detail below lists resources published by level in 2009/10 and more recently, new resources to schools plus ongoing work.

Publications

Primary

Mathematics

Fuasgail is Freagair 1-3: 3 Big Books for Problem Solving
Heinemann Mathematics Scotland: Series 4 Workbooks

Language and Literacy

Lorgan Litreachaidh (stage 2): a further teacher's book in the new Gaelic spelling programme
Uamh nan Cnàmhan: a spooky novel for upper primary
KarZouche Sgrìobhadh Cruthachail: whiteboard materials tying literacy to other cross-curricular work, for mid primary
Persephone and Na Ceithir Dràgoìn: Big Books for Shared Reading and Writing, with accompanying e-books
Ist! and Faigh Iasg Dhòmhsa!: two further books in the Catrìona air Chuairt series, each with an accompanying story-sack and CD-ROM
Roban agus Robag: Big book with related fiction and non-fiction texts for early years

Creideamh

Mo Chreideamh CD Rom: Learning about Other World Religions

IT


IT nan Tràth Ìrean: collection of activities for whiteboard or computer, with ACfE links

GLPS

Siuthad!: board-game tying language points to GLPS topics

G4P

Height Charts



Prìomh Ghnìomhachd: Prògram Foillseachaidh

Main Activity: Publication Programme

Àrd-sgoiltean

Gàidhlig

Ceumannan 1 agus Ceumannan Online: a' chiad cheum ann an cùrsa mòr ùr do luchd-ionnsachaidh
Cridhe Dorcha an t-Samhraidh: nobhail
Mus tuit an Oidhche: nobhail
Pacan Air-loidhne (An t-Àm airson nan Naidheachdan agus Criomagan Litreachais)

Maths

Matamataig Teejay Ìre D
Matamataig Teejay Ìre F

Saidheans

Cùrsa Eadar-ghnìomhail Saidheans dhan Bhòrd Gheal: Ìrean D&E

Eachdraidh

Linn nan Caochlaidhean Mòra: leabhar-teacsa air Caochlaidhean Mòra an t-Saoghail

Nuadh-eòlas

Nuadh-eòlas AS1 agus 2: leabhar-teacsa

Secondary

Gaelic

Ceumannan 1 and Ceumannan Online: first stage of major new Gaelic course for learners
Cridhe Dorcha an t-Samhraidh: novel
Mus tuit an Oidhche: novel
Topic Packs Online (An t-Àm airson nan Naidheachdan agus Criomagan Litreachais)

Maths

Teejay Maths Level D
Teejay Maths Level F

Science

Interactive Whiteboard Science Course for Levels D&E

History

Linn nan Caochlaidhean Mòra: textbook on The Age of Revolutions

Modern Studies

Nuadh-eòlas AS1 agus 2: textbook



Prìomh Ghnìomhachd: Prògram Foillseachaidh

Main Activity: Publication Programme

Ùr Do Sgoiltean agus Anns A' Bheairt

Bun-sgoiltean

Matamataig

Còmhradh Mòr 4-7: tuilleadh san t-sreath air Fuasgladh Cheist

Cànan agus Litearrachd

Can gun Robh: Cruinneachadh bàrdachd

Sgrìobhadh com-pàirtichte: teacsaichean airson ìrean 2 agus 3

Ailig Aurora: nobhail do cheann shuas na bun-sgoile

Sàr obair: foillseachadh ìre C san t-sreath

Faclair na Sgoile: faclair ùr stèidhichte air stuthan Brìgh nam Facal

Catriona air Chuairt: tuilleadh phacan

Speak Out: sgrìobtaichean le eadar-sgaradh 'do-fhaicsinneach' agus teamaichean tar-churraicealaim

Mìrean: program cànan

Cruinn-eòlas

Cruinnean dhan Chlasrum

Eòlas Àrainneachd

Sreath leabhraichean bho **National Geographic Atlas** bho Oxford

Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh sa bhun-sgoil

Ùrachadh air stuthan-trèanaidh

New to Schools and in Progress

Primary

Matamataig

Giant Discussion 4-7: more in the Problem Solving series

Language and Literacy

Can gun Robh: Poetry collection

Sgrìobhadh com-pàirtichte: collection of Shared Writing texts for levels 2 and 3

Ailig Aurora: novel for upper primary

Sàr obair: publication of Level C

Faclair na Sgoile: all-new schools' dictionary based around Brìgh nam Facal content

Catriona air Chuairt: pasganan eile

Speak Out: play scripts with 'invisible' differentiation and cross-curricular themes

Mìrean: language programme

Geography


Classroom Globes

Eòlas Àrainneachd

Sreath leabhraichean bho **National Geographic Atlas** from Oxford

GLPS

Revised teachers' materials



Prìomh Ghnìomhachd: Prògram Foillseachaidh

Main Activity: Publication Programme

Àrd-sgoiltean

Gàidhlig

Fo Bhruid 2010: nobhail

Ceumannan 2, 3, 4 & 5

Eadar Dà Sgeul: cruinneachadh de sgeulachdan goirid le notaichean-tidseir

Sgeulachdan Goirid an Latha An-diugh

Cùrsa dha na Fileantaich

Bogsaichean Ulaidh bho Thaigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

Pasgain air topaigean

Stuthan-èisteachd

Pàipearan-deuchainn

Matamataig

Matamataig Teejay Ìre C: stuthan obair-dachaigh

Matamataig Teejay Ìre D: stuthan obair-dachaigh

Matamataig Teejay Ìre E: stuthan obair-dachaigh

Matamataig Teejay Ìre F: stuthan obair-dachaigh

Cruinn-eòlas

Leabhar-teacsa airson AS3 agus 4

Saidheans

Goireas airson Clàr Geal: on chompanaidh Daydream Education

Saidheans 5-14 Leabhar an Sgoileir S1: bho Hodder Gibson

Saidheans 5-14 Leabhar an Sgoileir S2: bho Hodder Gibson

Eachdraidh

Rìoghachd na h-Alba anns na Meadhan Aoisean:

leabhar bho Heinemann Education

A' Ghearmailt 1918 - 1939: leabhar bho Heinemann Education

Foghlam Corporra

Sreath phostairean

Nuadh-Eolas

Aonadan Nuadh-eòlais

Ceòl

Leabhar na Fideig

Eaconamas dachaigh

Pasgan



Secondary

Gàidhlig

Kidnapped 2010: novel

Ceumannan 2, 3, 4 & 5

Eadar Dà Sgeul: collection of short stories with teacher support materials

Modern Short Stories

Course for Fluent Speakers

National Museum for Scotland Treasure Boxes

Topic Packs

Listening Materials

Past papers

Maths

Teejay Maths Level C: homework pack

Teejay Maths Level D: homework pack

Teejay Maths Level E: homework pack

Teejay Maths Level F: homework pack

Geography

Textbook for S3 and 4

Science

Whiteboard Materials: from publishers Daydream Education

Saidheans 5-14 Leabhar an Sgoileir S1: textbook from Hodder Gibson

Saidheans 5-14 Leabhar an Sgoileir S2: textbook from Hodder Gibson

History

Rìoghachd na h-Alba anns na Meadhan Aoisean:

textbook from Heinemann Education

A' Ghearmailt 1918 - 1939: textbook from Heinemann Education

Physical Education

Series of posters

Modern Studies


Modern Studies Units

Ceòl

Leabhar na Fideig

Home Economics

Pack





Shona NicCarraig,
Oifigear Leasachaidh
Shona Cormack,
Development Officer



Chaidh a' chiad cheum de chùrsa ùr do luchd-ionnsachaidh, a tha ag amas air òigridh a thoirt gu fileantachd sa chànan, a chur air bhog ann an Sruighlea san Dàmhair 2009 le Alasdair Allan, BPA nan Eilean Siar.

'S e seo a' chiad cheum de phrògram le ceithir ceumannan bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a chaidh ullachadh a rèir Builean agus Eòlasan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais.

Tha Ceumannan a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh òg adhartas a dhèanamh ann an èisteachd, labhairt, sgrìobhadh agus leughadh tro leabhar-teacsa bunaiteach agus làrach-lìn ùr-nodha aig www.storlann.co.uk/ceumannan. Gheibhear cothrom an sin air bhidio agus air audio, còmhradh ri luchd-ionnsachaidh ann an sgoiltean eile agus an obair aca fhèin a nochdadh.

Thuirt Ministear na Gàidhlig, Michael Russell said: "Tha mi air bruidhinn o chionn ghoirid mun fheum mhòr a th' ann àireamh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an Alba a chur am meud. Mar sin tha mi air leth toilichte cluinntinn mu na sàr stuthan seo bho Stòrlann. Seo an dearbh seòrsa goireis a nì e nas fhasa do dhaoine Gàidhlig ionnsachadh, agus a chleachdadh, ann an diofar shuidhichidhean, rud a tha pailt cho cudromach."

Thuirt Rosemary Ward, Stiùiriche Foghlaim is Ionnsachaidh aig Bòrd na Gàidhlig: "Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air a' ghoireas seo. 'S e goireasan agus innleachd mar seo a bheir fàs agus neartachadh air luchd-cleachdaidh na Gàidhlig san àm ri teachd."

The first stage in a new Gaelic learners course aimed at bringing young people to fluency in the language was launched in Stirling in October 2009 by Western Isles MSP Alasdair Allan.

The course is the first step in a four-stage programme from Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig - The National Gaelic Resource Agency - which has been prepared in line with the Outcomes and Experiences of the new Curriculum for Excellence.

'Ceumannan' - which means 'Steps' - offers opportunities for young learners to develop listening, speaking, writing and reading skills via a core textbook and an innovative online site at www.storlann.co.uk/ceumannan, through which they can access video and audio content, chat to learners in other schools and share their own content.

Minister for Gaelic Michael Russell said: "I have spoken recently of the urgent need to increase the number of Gaelic speakers in Scotland, so I am delighted to hear of Stòrlann's work on these first-class materials. This is exactly the type of initiative that will make it easier for people to learn Gaelic, and most importantly to use Gaelic in a variety of situations."

Rosemary Ward, Education and Learning Director at Bòrd na Gàidhlig, said "Bòrd na Gàidhlig welcomes this important resource. This is precisely the type of resource and strategy which will allow us to grow and strengthen future generations of Gaelic users."

Facal on sgrìobhaiche:

Le bhith a' sgrìobhadh Ceumannan, fhuair mi cothrom a bhith a' dèanamh rudeigin a bha riamh a' còrdadh rium gu mòr - a' cruthachadh stuthan teagaisg agus (rud nach robh mi uabhasach cleachdte ris mar thidsear) bha tìde agam a dhèanamh! Mar a tha fios aig a h-uile tidsear, chan ann tric a tha an tìde agad a h-uile leasan a phlanadh mar a dh'iarraidh tu no airson stuthan ùra a chruthachadh a h-uile latha.

Tha mi an dòchas gum bi Ceumannan a' còrdadh ri sgoilearan agus gun toir e beagan a bharrachd tìde do thidsearan bhon nach fheum iad a-nis uiread de stuth a chruthachadh dhaibh fhèin.

Emma Burrows, Sgrìobhadair Ceumannan



Beachdan Tidseir

Tha an cùrsa ur a' còrdadh rium gu mòr. Tha e cho tarraingeach agus tha na clasaichean eile agam a' gearan mun t-seann chùrsa!

Tha an cùrsa a' coimhead math dha-rìribh!
Abair gu bheil sibh èasgaidh aig Stòrlann!

eisimpleir case study Cuspairean Gàidhlig San Àrd-sgoil Gaelic Medium Secondary Subjects

A' Chiad Turas Dà Thuras Sna Cuspairean Gàidhlig. Two Firsts For Gaelic-Medium Secondary Subjects.

Am-bliadhna, chaidh 4 teacsaichean ùra fhoillseachadh fo Phrògram Leasachaidh nan Cuspairean aig Stòrlann.

“ 'S e Nuadh-eòlas AS1/2 a' chiad leabhar a chaidh fhoillseachadh do thidsearan a bhios a' teagasg Nuadh-eòlas tro Mheadhan na Gàidhlig. Chaidh stad a chur air an aonta còmhla ri Nelson Thornes gus an nochdadh am foillseachadh ùr aca. An uair sin, air prìs reusanta de £625, fhuair sinn na còraichean agus na faidhleachan tùsail. Cha do chuir Nelson Thornes taingse a-steach airson a' chlà-bhualaidh, ach le aon phost-dealain gu na clò-bhualadairean aca ann an Croatia, chaidh cùmhnant coltach aontachadh ann an trì latha. Dh'aontaich Zrinski gun clò-bhuailleadh, gun ceangaileadh iad agus gun libhrigeadh iad 525 leabhar, le làn dhathan agus 126 duilleag air £3,300. Bha na faidhleachan tùsail ann an InDesign agus thug Niall Mac a' Ghobhainn trèanadh dhan eadar-theangair (agus dhomh fhèin) air mar a chleachdamaid iad. Chaidh an uair sin iarraidh air an eadar-theangair feuchainn ris an eadar-theangachadh fhìotadh a-steach, cho math 's a b' urrainn, dha na faidhleachan tùsail. Nuair a chaidh sin a dhèanamh, bha sùil ri thoirt air a' ghràmar, a' Ghàidhlig a dhèanamh nas simplidhe, tuilleadh gearraidh a dhèanamh air an teacsa far an robh feum air, dèanamh cinnteach nach robh fiosrachadh cudromach air fhàgail às, dèanamh cinnteach gun robh am briathrachas a rèir cleachdadh an latha an-diugh agus aonta fhaighinn on t-Seotal far an robh ri gabhail ri briathrachas ùr. Thug Anna NicCarraig cuideachadh le atharraichidhean deireannach air na faidhleachan agus Catriona Mhoireach leis an deasachadh dheireannach. Air sgàth teicneòlas an latha, cha robh coinneamhan ri chur air dòigh an àite agus chaidh an rianachd a bha a dhìth a dhèanamh ann an ùine ghoirid bhom chealla bhig air a' chroit!

Cuideachd airson a' chiad turais, leabhar airson Ceòl agus is e sin An Fhìdeag Albannach, dreachd dhen leabhar aig Fran Gray Scottish Tin Whistle a chaidh fhoillseachadh bho thùs le Taigh na Teud. Tha an leabhar seo a' cleachdadh àireamhan ann a bhith a' teagasg sgoilearan aig a' chiad cheum de chluich na fìdeig. Dh'aontaich Fèisean nan Gàidheal co-obrachadh còmhla ri Stòrlann gus An Fhìdeag Albannach fhoillseachadh agus chum seo a' chosgais sìos oir phàigh iadsan airson an dara leth. Thàinig Taigh na Teud gu rèite còmhla ris an ùghdar, an dealbhadair agus na clò-bhualadairean aca fhèin agus dh'aontaich iad 1,000 lethbhreac a dhèanamh air £3,000. B' e neach-cluiche fìdeig (agus na pioba) a dh'eadar-theangaich e. Gheibhear na fuinn, dreach canntaireachd dhiubh agus an teacsa gu lèir air làrach-lìn Stòrlann agus taing do Rona Lightfoot, Dougie Beck, Seòna NicCarraig agus do Chailean MacIllEathain airson sin. Mar a thachair gu h-àrd, cha b' fheudar coinneamhan a chumail air an taobh a-muigh airson a' phròiseict seo.”

Chaidh an 2 leabhar eile, TeeJay Matamataig Ìre F agus TeeJay Matamataig Ìre C, fhoillseachadh anns a' Mhàrt agus anns an t-Sultain agus tha iad a-nis anns na sgoiltean a bharrachd air Ìre D agus Ìre E.




AJ MacDhòmhnail,
Oifigear Leasachaidh
A J MacDonald,
Development Officer

This year, 4 new titles were produced through Stòrlann's Secondary Subjects Development Programme.

“Nuadh-eòlas AS1/2 is the first textbook published for Gaelic-medium Modern Studies teachers. Negotiations with Nelson Thornes were put on hold till their newly revised edition was published and, subsequent to that, a modest fee of £625 was quickly agreed for the rights and original files. Nelson Thornes decided not to tender for the printing but one e-mail to their printers in Croatia secured a very competitive contract within three days. Zrinski agreed to print, bind and delivery 525 full colour, 126 page copies for £3,300. The original files were supplied in InDesign and Neil Smith taught the translator (and myself) how to work with them. The translator was then asked to fit her translation, as far as possible, into the original files. The bulk of the subsequent work involved checking grammar, simplifying the Gaelic, further condensing text where necessary, ensuring that important facts were not omitted, checking that terminology was in line with current usage and seeking agreement from An Seotal where new terminology was being adopted. Annie MacCormack obliged with the final tweaking of the files and Catriona Murray with the final editing. Thanks to modern technology, no external face-to-face meetings were necessary and all the required organising was carried out in a minimal amount of time from my small cell on the croft!

Another first, this time for Music, is An Fhìdeag Albannach, a Gaelic version of Fran Gray's Scottish Tin Whistle first published by Taigh na Teud. This book uses numbers as a first step in teaching pupils to play the tin whistle. Fèisean nan Gàidheal agreed to collaborate with Stòrlann on An Fhìdeag Albannach and this helped to cut costs, going 50/50 with 1,000 copies. Taigh na Teud negotiated with the author, their own designer and printers and agreed to produce 1,000 copies for £3,000. The text was translated by a whistle (and pipe) player. Thanks to Dougie Beck, Rona Lightfoot, Shona Cormack and Cailean Maclean, the tunes, canntaireachd version of them, and the full text will be available on audio files on Stòrlann's site. As above, no external face-to-face meetings were required for this project.”

The other 2 titles, TeeJay Matamataig Ìre F and TeeJay Matamataig Ìre C, were published in March and September respectively and have now joined Ìre D and Ìre E in the classrooms.





An t-Alltan 2009 - Co-labhairt do thidsearan Gàidhlig bho Stòrlann

Thàinig leth-cheud tidsear bho àrd-sgoiltean agus bun-sgoiltean air feadh Alba ri chèile ann an Stirling Management Centre airson sùil a thoirt air goireasan ùra agus air iomairtean agus leasachaidhean ann an ionnsachadh agus teagasg co-cheangailte riutha seo.

Bha cothroman ann eòlas a chur air bathar-bog ùr, dòighean-teagaisg a dheasbad agus cur ri leasachadh stuthan ùra.

Bha cothrom aig na bha an làthair 'sruth' a thaghadh mar leanas:

Sruth cànan

Cùrsa dà latha air cànan agus cha do fhritheil com-pàirtichean càil eile ach na prìomh òraidean.

Sruth bun-sgoile

Chaidh a mholadh gum fritheileadh gach tidsear bun-sgoile seisean air togail cànan agus air eòlasan tar-churraicealaim.

Sruth àrd-sgoile

Thagh tidsearan àrd-sgoile na seiseanan a bha iad ag iarraidh oir bha mòran dhiubh a' teagasg chuspairean eile, fileantaich agus luchd-ionnsachaidh.

An t-Alltan 2009 - A Conference for Gaelic teachers from Stòrlann

An t-Alltan offered approx. 50 teachers the opportunity to meet together at Stirling Management Centre and have a look at new initiatives for teaching and learning.

This was achieved through a series of Sessions and Skills Workshops linked to resources which are newly released or are in production at Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Participants had the opportunity to choose a 'stream' as follows:

Language stream

The language stream was a 2-day language course and participants who chose this attended only the key speeches in addition to this.

Primary stream

It was recommended that all primary school participants attend a session on language acquisition and on cross-curricular experiences.

Secondary stream

Secondary teachers chose which sessions they attended since many of them teach more than one subject, or learners and native speakers.



www.GAELIC4PARENTS.com

www.gaelic4parents.com

Lean an t-seirbheis-taice airson obair-dachaigh tron bhliadhna le còrr is 150 teaghlach a' tadhal còrr is aon turas. Bha cosgaisean luchd-obrach is eile air am maoineachadh le **Comhairle nan Eilean Siar**. Ar taing dhaibh airson an taic.

Thàinig Seònaid NicLeòid air bòrd aig toiseach 2010, mar neach-taice air-loidhne ag obair còmhla ri Anna Màiri NicEanraig. Tha eòlas farsaing aig Seònaid aig gach ìre de Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, ag obair mar Cheannard ann am Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis. Tha i ag obair còmhla rinn an àn àite Marina Mhoireach a bha còmhla rinn airson bliadhna, agus ar taing dhise airson na rinn i fhad 's a bha i còmhla rinn. Tha Anna Màiri air a bhith còmhla rinn bho toiseach na seirbheis agus tha i na pàirt chudromach den sgioba.

Tha barrachd sgoiltean a-nis a' moladh na seirbheis do phàrantan 's tha tuilleadh fhaclan-faire air a dhol a-mach gu cuid dhiubh a rèir iarrtasan. Chaidh tuilleadh stuthan sanasachd a dhèanamh, agus an turas seo 's e clàran-àirde a rinn sinn, ag amas air clann fo aois sgoile agus nas sine. Tha sinn cuideachd a' dèanamh phostairean a thèid a-mach chun nan sgoiltean gus an làrach a shanasachd.


www.gaelic4parents.com

*The online homework support chatroom service was maintained through the year, with around 150 families making repeat visits. Costs of staffing and other developments were met by **Comhairle nan Eilean Siar**. Our thanks to them for the support.*

Janet MacLeod came aboard in early 2010, joining Anne Marie Henderson as support worker on the site. Janet has a vast range of experience at all levels of Gaelic Medium Education, working latterly as Headteacher of Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis. She replaces Marina Murray who had been with us for a year, our thanks to her for her work with us. Anne Marie has been with the service since it started and is a valued member of the team.

More schools are now promoting the site and the Homework Support Service to parents, with more passwords being requested to allow access. Further promotional materials were produced in the form of height charts aimed at pre-school children upwards. Posters are being printed, to go into schools to further promote the site.





An Seotal

Lean obair air 'An Seotal' fo stiùir Chrìosaigh NicRath, prìomh phannal de dh'èolaichean cànan agus pannalan comhairleachaidh de thidsearan. Tha barrachd choinneamhan agus co-obrachadh air leudachadh a thoirt air an stòr-dàta, gu sònraichte anns na raointean a leanas:

- Saidheans
- Cruinn-eòlas
- Nuadh-eòlas
- Coimpiutaireachd
- Eachdraidh
- Ceòl
- Curraicealam airson Sàr-mhathais (an co-bhuinn ri LTS)

Thathas air deagh dhàimhean a chruthachadh còmhla ri buidhnean eile, a' brosnachadh roinneadh fiosrachaidh agus a' dèanamh cinntach à cunbhalachd thar diofar roinnean. Tha 'An Seotal' air a bhith an sàs ann am measgachadh de phròiseactan Stòrlann, leithid an obair air feartan cruinn-eòlais agus ainmean-àite Gàidhlig airson **Atlas na Sgoile**. Tha e cuideachd air cur gu mòr ris a' bhriathrachas Gàidhlig air a' phròiseact 'Learn Listen Online' aig LTS.

Tha an làrach-lìn air a h-ùrachadh gus sealladh ùr, grinn a thoirt oirre agus a measg nan leasachaidhean tha goireas rannsachaidh ùr, taic gràmair agus leudachadh air an stòras fiosrachaidh ghoireasan. Tha e nas fhasa briathrachas agus eisimpleirean cleachdaidh a lorg agus thathas ag obair air duilleag airson briathrachas Curraicealam airson Sàr-mhathais.

San àm ri teachd, bidh 'An Seotal' a' toirt taic dha OGE leis an iomairt aca airson soidhnichean dà-chànanach agus a' co-obrachadh còmhla ri Bòrd na Gàidhlig, a' toirt comhairle air a' phròiseact aca gus riochd Gàidhlig a chur air an t-siostam catalogaidh aig **Dewey** dha Comhairle Leabharlainn agus Fiosrachaidh na h-Alba. Gheibh 'An Seotal' buannachd às an seo le bhith a' faighinn tuilleadh briathrachais agus àrdachadh inbhe dhan phròiseact.

An Seotal

The 'An Seotal' project has continued to progress under the management of Chrissie MacRae, the principal advisory panel of linguists and advisory groups of teachers. Increased meetings and collaborative working has ensured the expansion of the database, particularly in the following areas:

- Science
- Geography
- Modern Studies
- Computing
- History
- Music
- A Curriculum for Excellence (in partnership with LTS)

*Good relationships have been built up with external agencies, encouraging information sharing and ensuring consistency across different sectors. 'An Seotal' has been increasingly involved in other Stòrlann productions, including providing the geographical terms and Gaelic place names for the **Atlas na Sgoile** project. It has also contributed heavily to the Gaelic element of LTS' 'Learn Listen Online' project.*

The website has been revamped to give it a fresh, appealing look and improvements include a revised search facility, grammar support and extended resources information. Finding terms, with detailed usage examples, is quicker and easier. Work is in progress on a dedicated page for Curriculum for Excellence terminology.

*Future developments include collaborations with UHI to facilitate their bilingual signage initiative and Bòrd na Gàidhlig, providing a consultancy service for their project to support a Gaelic version of the **Dewey** catalogue by the Scottish Library and Information Council, which will serve to provide more terminology for publication on the website and continue to raise the profile of 'An Seotal'.*

Compàirteachadh Partnership

Ionnsachadh Agus Teagasg Alba

Lean an compàirteachas còmhla ri Ionnsachadh agus Teagasg Alba le cuideam ùr air goireasan eadar-ghnìomhail agus air-loidhne, me Albannaich ann an Canada, an àite Gàidhlig air-loidhne. Bha Mòrag NicDhòmhnaill a' stiùireadh na h-obrach seo do LTS.

Comhairle Na Gàidhealtachd

Fhuair Stòrlann cothrom a-rithist cuid de na stuthan-teagaisg a bh' air an deisealachadh le Comhairle na Gàidhealtachd tron bhliadhna a sgaoileadh gu sgoiltean eile air feadh na dùthcha. Thathar gu mòr an comain Chomhairle na Gàidhealtachd airson an obair aca a roinn san dòigh fhialaidh seo.

Bòrd Na Gàidhlig

Bha Stòrlann a-rithist an sàs anns a' bhuidhinn-obrach air foillseachadh Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig, sa Bhuidhinn Stiùiridh Nàiseanta Foghlam Gàidhlig agus ann am buidhnean-obrach air Goireasan, Briathrachas agus Eadar-theangachadh agus Curraicealam Àrd-sgoile Gàidhlig. Bidh Stòrlann an sàs cuideachd ann an ro-innleachd nàiseanta airson CPD do luchd-teagaisg.

BBC Craoladh Nan Gàidheal

Thàinig Stòrlann agus BBC Craoladh nan Gàidheal ri chèile grunn thursan tron bhliadhna airson fiosrachadh iomlaid air planaichean agus ro-innleachdan.

CCEA agus An t-Áisaonad

Thàinig luchd-obrach Stòrlann agus luchd-obrach CCEA agus An t-Áisaonad còmhla grunn thursan airson cothroman co-obrachaidh a rannsachadh.

Learning And Teaching Scotland

Partnership continued with Learning and Teaching Scotland, with a new focus on the delivery of a number of online and interactive resources, e.g Scots in Canada, as opposed to the delivery of Gaelic-online. Morag MacDonald lead this development work for LTS.

The Highland Council

Stòrlann was again invited to distribute resources produced under The Highland Council's programmes to schools across the country. This represents a significant service to other authorities and a most generous sharing of The Highland Council's resources.

Bòrd Na Gàidhlig

Stòrlann was involved in Bòrd na Gàidhlig's working-group on Publishing, in the National Gaelic Education Steering Group and in working groups on Resources. Terminology and Translation and the Secondary Gaelic Curriculum. Stòrlann is also involved in the development of a national strategy for CPD for the Gaelic teaching profession.

BBC Craoladh Nan Gàidheal

Stòrlann and representatives from BBC Craoladh nan Gàidheal came together several times in order to share information on plans and strategies.

CCEA and An t-Áisaonad

Stòrlann and CCEA and An t-Áisaonad staff came together several times during the year to explore opportunities for co-working.



Sùil Air Adhart: Prìomhachasan Airson 2010-11

The Road Ahead: Priorities For 2010-11

Ann an 2010-11, 's e amasan Stòrlann:

Prògram leudaichte de phròiseactan a libhrigeadh, a rèir Curraicealam airson Sar-Mhaitheis, a bhios mar phàirt de ro-innleachd trì bliadhna stèidhte air prìomhachasan foghlam Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig;

Pàirt a ghabhail ann an co-chomhairleachadh air teagasg le luchd-teagaisg air fad;

Goireasan a dheasachadh ann an Gàidhlig bho thùs far a bheil sin na chomas;

Pàirt a ghabhail ann an leasaichidhean nàiseanta ann an foghlam Gàidhlig;

Tuilleadh maoinachaidh a lorg airson leasachadh ghoireasan agus gach cothrom a chleachdadh agus àireamh agus càileachd fhoillseachaidhean a mheudachadh;

Ceanglaichean a leasachadh le solaraichean ghoireasan taobh a-muigh Alba gus ionnsachadh bho fhiosrachadh chàich;

Seirbheisean-taic do thidsearan a leasachadh tro cho-obrachadh le LTS agus tachartasan nàiseanta air an libhrigeadh le Stòrlann is eile, me An t-Alltan.

Stòrlann's aims for 2010-11:

The delivery of an extended programme of resources, designed for the Curriculum for Excellence, as part of a three-year strategic plan reflecting the priorities of the Gaelic education sector, The Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig;

To develop the consultation process with teaching staff;

The creation of original Gaelic resources where practical and the improvement of the quality of such resources;

Take part in national developments in Gaelic education;

To source additional funding for resource development and to capitalise upon every opportunity of increasing the range, scope and quality of publications;

The development of links with resource providers outside Scotland with the objective of sharing practice and establishing whether opportunities exist for co-working, particularly where this would facilitate cost savings;

To develop support mechanisms for teachers through co-working with LTS and Bòrd na Gàidhlig, and through national events managed by Stòrlann and others, e.g. An t-Alltan.

